

Cuspair Clàir-ghnothaich	7
Àir. Aithisge	G/13/26

Comhairle na Gàidhealtachd

Comataidh: Gàidhlig

Ceann-là: 26 Lùnastal 2026

Tìotal Aithisge: Cunntas air Foghlam Gàidhlig

Aithisg le: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

- 1.1 Tha an aithisg seo a' toirt cunntas do Bhuill air trì prìomh raointean leasachaidh a thaobh Gàidhlig agus foghlam thar na Gàidhealtachd.

Bheir an aithisg fiosrachadh mu thoradh turas Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlaim (LSRF) air Sgoil-Àraich Tràth-ionnsachaidh is Cùraim-chloinne Mhalaig, a' togail air na neartan a chaidh aithneachadh leis an luchd-sgrùdaidh.

Bheir an aithisg cuideachd sealladh aig àrd-ìre air seasamh aimsireil Comhairle na Gàidhealtachd a thaobh Ionnsachadh Cànanain ann an Alba (1+2 Cànanan) an lùib a' cho-theacsa nàiseanta, a' cnuasachadh air gealltanais na Comhairle fàs a thoirt air slighean luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.

Mu dheireadh, tha an aithisg a' toirt fiosrachaidh do Bhuill air an adhartas a rinneadh mu choinneimh nan toraidhean ro-innleachdail an lùib Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd (PG) le bhith a' toirt taic do dh'fhàs agus seasmhachd nas fharsainghe na Gàidhlig air feadh na Gàidhealtachd, sa Cheann a Tuath agus Loch Àlainn.

2. Molaidhean

- 2.1 Thathar ag iarraidh air Buill toir fa-near:

- do thoradh deimhinnteach sgrùdadh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlaim air Sgoil-Àraich Mhalaig, ag aithneachadh nan neartan a chaidh a chomharrachadh agus na tha an suidheachadh a' cur ri solar Tràth-ionnsachaidh is Cùraim-chloinne Foghlaim Ghàidhlig air Ghàidhealtachd;
- do dh'adhartas na Comhairle aig an ìre seo a thaobh ionnsachadh cànanain C2 agus C3, a' toirt a-steach adhartais mu choinneimh na thathas a' sùileachadh gu nàiseanta agus na h-obrach leantainnich airson taic a chur ri ionnsachadh chànanan air feadh sgoiltean; agus

- iii. do fhàs leantainneach ann am Foghlam Gàidhlig air feadh na Gàidhealtachd agus cho cudromach 's a tha a bhith a' gleidheadh comas-gabhail mu choinneimh iarrtais san àm ri teachd.

3. Builean

3.1 Goireas

Airson na bliadhna-ionmhais 2026/27, chuir a' Chomhairle a-steach iarrtas Tabhartas Sonraichte na Gàidhlig (TSG) airson £1.379M agus chaidh £940,000 fhaotainn.

Tha am maoineachadh a tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt seachad tro TSG fhathast riatanach airson taic a chur ri pròiseactan a tha a' cuideachadh na Comhairle gus na gealltanasan aice a libhrigeadh fo Phlana na Gàidhlig. Tha pàirt susbainteach den taic seo a' cur gu dìreach ri leasachadh leantainneach Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI).

A bharrachd air prìomh mhaoineachadh na Comhairle agus TSG, tha buidseat na Gàidhlig air a neartachadh barrachd tro thairgsean soirbheachail airson phròiseactan sònraichte bho Bhòrd na Gàidhlig, agus Maoin Ro-innleachdail nam Planaichean Gàidhlig (MPG), a' cuideachadh gus cothroman a' buntainn ris a' Ghàidhlig a neartachadh is a leudachadh air feadh sgìre na Comhairle.

3.2 Laghail

Tha dleastanas reachdail aig Comhairle na Gàidhealtachd am Plana Gàidhlig aice a bhuileachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha Earrann 15 de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 ga chur mar riatanas gu bheil dleastanas reachdail aig Comhairle na Gàidhealtachd mar ùghdarras foghlaim brosnachadh is taic a thoirt do dh'fhoghlam Gàidhlig.

3.3 Cunnart

Chan eil cunnartan sònraichte sam bith a' tighinn am bàrr bhon aithisg seo.

3.4

Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine) – Chan eil cunnartan sònraichte sam bith a' tighinn am bàrr bhon aithisg seo.

3.5 Gàidhlig

Tha dà phrìomhachas ann am Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd (PG) 2024–29 airson Foghlam Gàidhlig:

- Libhrig brosnachadh is fàs leantainneach ann am FtG agus FLI aig gach ìre, a' gabhail a-steach libhrigeadh na Gàidhlig mar nuadh-chànan, le 70% de bhun-sgoiltean a' solarachadh Gàidhlig mar C2 agus C3 gus solar na Gàidhlig a mheudachadh thar an ùghdarrais.
- Leudaich libhrigeadh FtG le barrachd chuspairean àrd-sgoile air an toirt seachad, sgoiltean ùra a sheasas leotha fhèin air an cruthachadh, agus solar ùr airson nan tràth-bhliadhnaichean, bun-sgoil is àrd-sgoil.

Tha am PG againn cuideachd a' gabhail a-steach bhuilean eadar-eisimeileach a' buntainn ri coimhearsnachdan agus dachaigh, eaconamaidh, cultar is dualchas gus taic a chur ris na prìomhachasan seo airson Foghlaim Ghàidhlig.

4. Buaidhean

4.1 Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhlachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh na Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tìr-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air a h-aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.

4.2 Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach den phròiseas cho-dhùnaidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-dhùnaidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.

4.3 'S e aithisg ùrachaidh a tha seo agus mar sin chan eil feum air measadh buaidh.

5. Malaig – Sgrùdadh LSRF

5.1 Toradh sgrùdadh a rinn Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlaim (LSRF) o chionn ghoirid air Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne Bun-Sgoil Mhalaig, a' togail air na neartan a dh'aithnich an luchd-sgrùdaidh, raointean airson sìor-leasachaidh, agus buaidh dheimhinnteach an t-solair air cloinn, teaghlaichean agus a' choimhearsnachd nas fharsainge.

5.2 Fhuair an Sgoil-Àraich aig Bun-Sgoil Mhalaig 3 comharran Glè Mhath tarsainn nan 3 Slatan-tomhais Càileachd gu lèir.

Thog [an aithisg](#) air:

Ann am foghlam 3–12 tro mheadhan na Beurla agus na Gàidhlig bidh a' chlann a' fiosrachadh cultair altraimich agus in-ghabhailtich. Tha cha mhòr a' chlann air fad a' faighinn buannachd o dhàimh làidir àraich le luchd-obrach a tha taiceil do an cuid maith.

Ann am foghlam 3–12 tron Ghàidhlig agus tro mheadhan na Beurla, bidh clann a' com-pàirteachadh gu math ann an cothroman airson spòrs, ceòl, cànan agus cultar. Leasaichidh iad seo misneachd, fileantas agus mothachadh na cloinne gu bheil iad nam buill chudromach de choimhearsnachd ionadail Ghàidhealaich.

Anns an t-seòmar chluiche do dh'fhoghlam tro mheadhan na Beurla agus na Gàidhlig, bidh clann a' fiosrachadh foghlaim stèidhichte air cluiche a th' air a dheagh dhealbh, a-staigh, a-muigh agus anns a' choimhearsnachd. Ann am Foghlam tron Ghàidhlig bidh luchd-obrach a' libhrigeadh an fhiosrachaidh seo tro Ghàidhlig fhileanta.

- 5.3 Chruinnich LSRF fianais a cheadaich measadh a dhèanamh air an sgoil-àraich a' cleachdadh trì slatan-tomhais càileachd bho fhrèama-obrach leasachadh na Càileachd airson roinnean nan tràth-bhliadhnaichean agus cùraim-chloinne.

Quality indicators for the sgoil-àraich nursery class	Evaluation
Curriculum	very good
Learning, teaching and assessment	very good
Wellbeing, inclusion and equality	very good

- 5.4 Chaidh na prìomh neartan a leanas aithneachadh airson Gàidhlig tarsainn nan trì raointean seo anns an sgrùdadh:

- Tha bogadh fìor làidir sa Ghàidhlig follaiseach air feadh an t-suidheachaidh.
- Tha clann a' soirbheachadh ann an àrainneachd altraimich, in-ghabhailtaich a tha beairteach a thaobh cànan.
- Tha taic gu h-àraid làidir do chloinn a tha a' gluasad gu FtG.
- Tha an suidheachadh a' taisbeanadh còrdadh làidir le stiùireadh nàiseanta Foghlaim Ghàidhlig agus prionnsapalan chòraichean chloinne.
- Rinneadh adhartas nach beag a thaobh cur an sàs stiùireadh nàiseanta FtG a thaobh bogaidh.
- Tha luchd-obrach a' taisbeanadh sàr-fhileantais sa Ghàidhlig agus bidh iad a' modaileadh a' chànain gu h-èifeachdach tron là.
- Cleachdar targaidean cànan gu làidir airson tomhas a dhèanamh air mar a thogas a' chlann a' Ghàidhlig.
- Bidh na prìomh ath cheumannan ag amas air clàradh a' churraicealaim a neartachadh, cothroman bogaidh a dhìon, leasachadh a thoirt air mar a chumar clàr air adhartachadh sa Ghàidhlig agus a bhith a' dèanamh na Gàidhlig nas fhaicsinniche air feadh coimhearsnachd nas fharsainghe na sgoile.

6.0 1 agus 2 – Co-theacsa Nàiseanta airson Adhartachaidh

6.1 Co-theacsa Nàiseanta

'S ann bhon [aithisg le Riaghaltas na h-Alba](#) "Poileasaidh Chànanan 1+2: toraidhean bho shuirbhìdh nan ùghdarrasan ionadail 2024-25" a tha am fiosrachadh a leanas a' tighinn. Bidh an t-suirbhìdh, a nithear gach dàrnacha bliadhna, ag amas air coimhead ri adhartas agus buaidh na h-iomairt 1+2 (do gach cànan) air feadh Alba agus fiosrachadh fhaighinn air ais bho na h-ùghdarrasan ionadail gu lèir.

- 6.2 A' leantainn bho Shuirbhìdh Nàiseanta 2024/25 air ùghdarrasan ionadail, tha na toraidhean airson Gàidhlig a' toirt seachad nam prìomh theachdaireachdan a leanas:

Co-theacsa Nàiseanta

Bun-sgoil C2 – b' e Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) fhathast an treas cànan as motha a tha ga teagasg, 's i air a toirt seachad le 5% de sgoiltean (caran seasmhach bho 3% ann an 2020–21 agus 5% ann an 2022–21).

Co-theacsa na Gàidhealtachd:

Bun-sgoil C2 – tha Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) ga toirt seachad le 21% de sgoiltean air Ghàidhealtachd.

Co-theacsa Nàiseanta:

Bun-sgoil C3 – Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) (9% suas bho 6% ann an 2022–23 agus 8% ann an 2020–21) ga fàgail air a' 5mh cànan C3 as motha a tha ga teagasg gu nàiseanta.

Co-theacsa na Gàidhealtachd:

Bun-sgoil C3 – tha Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) air a toirt seachad le 46% de sgoiltean air Ghàidhealtachd.

Factaran a tha a' cur ri Ìrean-cleachdaidh:

“chuir cothrom air neach-labhairt eile leithid...no oidean Gàidhlig cuideachd ris an taghadh C3 a tha ga thabhann le sgoiltean” – air Ghàidhealtachd, Leasan an Gàidhlig Beò a' toirt taic cànan do thidsearan clasa.

“Gàidhlig – air a teagasg ann an sgoiltean le Aonadan tro Mheadhan na Gàidhlig (AMG) no far an robh cultar na Gàidhlig am bàrr.” – bidh a h-uile suidheachadh FtG air Ghàidhealtachd a' tabhann Gàidhlig air suidheachaidhean FtB (ma tha seo iomchaidh) an dàrna cuid mar chànan C2 no C3.

Co-theacsa Nàiseanta:

Àrd-sgoil C2 – bha Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) ga teagasg ann an 8% de sgoiltean (an coimeas ri 8% ann an 2022–23 agus 5% ann an 2020–21). Tha seo ga fàgail air a' 4mh Cànan C2 as motha a tha ga teagasg gu nàiseanta.

Co-theacsa na Gàidhealtachd:

Àrd-sgoil C2 – tha Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) ga toirt seachad le 17% de sgoiltean air Ghàidhealtachd.

Co-theacsa Nàiseanta:

Àrd-sgoil C3 – Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) (6%) ga fàgail air a' 5mh Cànan C3 as motha a tha ga teagasg gu nàiseanta.

Co-theacsa na Gàidhealtachd:

Àrd-sgoil C3 – tha Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) ga toirt seachad le 49% de sgoiltean air Ghàidhealtachd.

Co-theacsa Nàiseanta:

Ann an Sgoiltean Foghlaim Speisealta, bidh 4% de SFS a' tabhann Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh).

Co-theacsa na Gàidhealtachd:

Tha Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) ga teagasg ann an SFS an Naoimh Dubhthach agus an Naoimh Cliaman (66%).

Solar Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig san Àrd-sgoil – Co-theacsa na Gàidhealtachd:

Sgoilearan ann an àrd-sgoiltean a tha air am maoinachadh gu poblach											
	2015/16	2016/17	2017/18	2018/19	2019/20	2020/21	2021/22	2022/23	2023/24	2024/25	2025/26
Iomlan na Gàidhealtachd	13,390	13,337	13,228	13,229	13,458	13,841	14,046	13,903	13,988	12,791	13,696
Luchd-ionnsachadh na Gàidhlig	1,474	1,829	2,012	1,887	2,131	2,208	2,204	2,030	2,123	2,065	1,953
% Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig	10.99	13.71	15.21	14.26	15.84	15.94	15.7	14.6	15.17	16.14	14.27
% Atharrachadh		+24.71	+10.94	-6.24	+11.08	+0.63	-1.51	-7	+3.9	+6.39	-11.58

Gu h-iomlan, tha com-pàirteachas ann am Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig air meudachadh gu susbainteach thairis air an deicheid mu dheireadh, ag èirigh bho 1,474 neach-ionnsachaidh ann an 2015/16 gu 1,953 neach-ionnsachaidh ann an 2025/26. Ged a tha lùghdachadh beag air a bhith ann an àireamh luchd-ionnsachaidh sa bhliadhna mu dheireadh, tha an treand iomlan fhathast deimhinneach. Bidh sgrùdadh leantainneach cudromach airson tuigse fhaighinn air nithean sam bith a tha a' toirt buaidh air com-pàirteachas san àm ri teachd agus gus taic a chur ri fàs leantainneach.

Le 1,953 Neach-ionnsachaidh Gàidhlig air an clàradh ann an sgoiltean na Gàidhealtachd, an coimeas ri 3,320 gu nàiseanta, tha a' Ghàidhealtachd a' tabhann eòlasan Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig do cha mhòr sianar a-mach às gach deichnear sgoilear a tha nan sgoilearan Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an Alba. Tha seo a' sealltainn cho cudromach 's a tha foghlam Gàidhlig sa Ghàidhealtachd agus tabhartas is dealas na Comhairle a thaobh amasan cànan Gàidhlig nàiseanta.

7.0 A' Cur Taic ri Fàs agus Seasmhachd Foghlaim Ghàidhlig air feadh na Gàidhealtachd

- 7.1 Tha Comhairle na Gàidhealtachd air adhartas leantainneach a thaisbeanadh ann a bhith a' neartachadh 's a' gleidheadh Foghlaim Ghàidhlig air feadh gach cuid sgìre Loch Abar agus Sgìre a' Chinn a Tuath.

Ann an Loch Àlainn, an dèidh pròiseas Iarrtas Foghlaim Ghàidhlig, tha gealltanais ro-innleachdail slighe shoilleir a leasachadh airson FtG air fàs a cheadachadh bho ìre nan tràth-bhliadhnaichean anns an Sgoil-àraich, a' togail air a' bhun-stèidh làidir a stèidhicheadh tro sholar Ghàidhlig 0–3 a chaidh a libhrigeadh ann an com-pàirteachas le oifigearan Ionnsachaidh is Leasachaidh Coimhearsnachd Gàidhlig.

Tha an ro-innleachd dhealbhte seo air taic a chur ris a' ghluasad bho sholar thùsail aig 0–3 agus bogadh anns an Sgoil-àraich gu modail seasmhach agus buan airson Foghlam tron Ghàidhlig anns a' bhun-sgoil. 'S e solar curraicealaim leantainneach is leasaichte a th' ann am FtG airson na h-àrd-sgoile co-cheangailte aca ann an Àird nam Murchan.

Coltach ri seo, ann an Sgìre a' Chinn a Tuath, tha obair a rinneadh tro phlana leasachaidh Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig airson cothrom nas fheàrr air a' Ghàidhlig a thoirt seachad an lùib ìre fharsaing an Fhoghlaim Choitchinn agus taic a neartachadh tarsainn Bhuidhnean Sgoiltean Co-cheangailte air fàgail gu bheil comas-gabhail nas fheàrr ann an Àrd-Sgoil Fàrr, agus modail nas seasmhaiche air a libhrigeadh airson an ath sheisein.

- 7.2 Còmhla, tha na leasachaidhean seo a' taisbeanadh gealltanais Chomhairle na Gàidhealtachd neartachadh a thoirt air slighean adhartachaidh, cothrom nas fheàrr air foghlam Ghàidhlig a chruthachadh, agus dèanamh cinnteach gu bheil solar na Gàidhlig seasmhach san ùine fhada a rèir phrìomhachasan ro-innleachdail PG agus nàiseanta.

Ainmeachadh: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

Ceann-là: 30/06/26

Ùghdaran: Lena Walker Oifigear Taic Foghlaim, Ruairidh MacAoidh, Oifigear Leasachaidh Foghlaim

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh:

[Poileasaidh chànanan 1+2: Lorgaidhean suirbhidh nan ùghdarrasan ionadail 2024-25](#)